

NEACH-DEASACHAIDH, FACLAIR NA GÀIDHLIG

Adhbhar na Dreuchd

Bidh thu ag obair air a' phròiseact chom-pàirteach eadar oilthighean, Faclair na Gàidhlig, mar phàirt de sgioba le 3 Luchd-deasachaidh, agus thu ag obair còmhla ris, agus fo stiùir, an Stiùiriche Fhaclaireachd.

Tuarastal

Tuarastal: £37,099 - £44,263 (Ìrean Pàighidh Nàiseanta 30-36)

Prìomh Dhleastanasan is Uallaichean

1. Ag ullachadh inntridhean faclair airson Faclair na Gàidhlig agus thu a' cleachdadh an t-siostaim-fhaclaireachd againn, Meanma.
2. A' dèanamh dearbhadh air na h-inntridhean aig luchd-deasachaidh eile mar phàirt de na modhan co-mheasaidh againn.
3. Ag obair còmhla ri co-obraichean agus a' gabhail pàirt ann an coinneamhan sgioba is buidhne/seiminear/bùithtean-obrach mar phàirt de na pròiseactan rannsachaidh, Faclair na Gàidhlig is DASG, agus còmhla ri daoine eile mar as iomchaidh.
4. A' gabhail chothroman a thaobh leasachadh proifeiseanta leantainneach gus piseach a thoirt air na h-ìrean coileanaidh agad san dreuchd.
5. A' coileanadh dhleastanasan reusanta eile nuair a thèid iarraidh ort leis an Stiùiriche Fhaclaireachd is an Stiùiriche Acadaimigeach.

Teisteanasan Riatanach

Ceum ann an Gàidhlig / Ceiltis (co-dhiù aig ìre 2:1), no bidh teisteanas no eòlas agad a tha ionann ri sin.

Eòlas is Sgilean

Riatanach

Comasan àrda ann an Gàidhlig, ga bruidhinn agus ga sgrìobhadh, agus eòlas air eachdraidh cànan is litreachas na Gàidhlig agus air leasachaidhean a thaobh nan cuspairean sin.

Sgilean sgrùdaidh fìor mhath agus eòlas air mion-sgrùdadh cànanach.

Sàr sgilean conaltraidh is eadar-phearsanta agus a thaobh obair sgioba.

Math air a bhith ag obair air do cheann fhèin, gun feum air stiùireadh fad an t-siubhail, agus tha dòighean smaoineachaidh is obrach neo-eisimeileach agad.

Sgilean eagrachaidh matha agus thèid agad air deagh fheum a dhèanamh dhe do chuid ùine.

Sgilean TF matha agad.

Nam buannachd

Comasach air stòran-dàta agus corpasan cànan a chleachdadh.

Comasan ann an cànan Ceilteach eile.

Eòlas air a bhith a' dèanamh thaisbeanaidhean rannsachaidh agus tha thu air diofar sgrìobhaidhean fhoillseachadh.

Eòlas Obrach

Riatanach

Eòlas air a bhith a' dèanamh mion-sgrùdadh air teacsaichean Gàidhlig.

Tha thu air dearbhadh gun urrainn dhut obair a dhèanamh ann an deagh àm agus gu h-èifeachdach gus toraidhean matha a libhrigeadh.

Na bhuannachd

Eòlas air a bhith ag obair ann an àite/àite-obrach far a bheil Gàidhlig mar phàirt dheth.